



UHI Research Database pdf download summary

Iain Mac a' Ghobhainn agus Kierkegaard

Bateman, Meg

Published in:

Sùil air an t-Saoghal:

Publication date:

2013

The Document Version you have downloaded here is:
Publisher's PDF, also known as Version of record

[Link to author version on UHI Research Database](#)

Citation for published version (APA):

Bateman, M. (2013). Iain Mac a' Ghobhainn agus Kierkegaard. In P. MacAoidh, & N. O'Gallagher (Eds.), *Sùil air an t-Saoghal: : buaidhean eadar-nàiseanta air sgrìobhadh sa Ghàidhlig* (pp. 56-72). Clò Ostair.

General rights

Copyright and moral rights for the publications made accessible in the UHI Research Database are retained by the authors and/or other copyright owners and it is a condition of accessing publications that users recognise and abide by the legal requirements associated with these rights:

- 1) Users may download and print one copy of any publication from the UHI Research Database for the purpose of private study or research.
- 2) You may not further distribute the material or use it for any profit-making activity or commercial gain
- 3) You may freely distribute the URL identifying the publication in the UHI Research Database

Take down policy

If you believe that this document breaches copyright please contact us at RO@uhi.ac.uk providing details; we will remove access to the work immediately and investigate your claim.

IAIN MAC A' GHOBHAINN AGUS KIERKEGAARD

Meg Bateman

'S dòcha gu bheil coltas neònach air dàimh eadar Iain Mac a' Ghobhainn, a bha na dhaonnaire, agus Kierkegaard, a bha na Chrìosdaidh. Sgrìobh Kierkegaard:

If there were no eternal consciousness in a man, if at the bottom of everything there were only a wild ferment, a power that twisting in dark passions produced everything great or inconsequential; if an unfathomable, insatiable emptiness lay hid beneath everything, what would life be but despair?

(Kierkegaard 1985, 14)

Ach shaoil Mac a' Ghobhainn gur ann dìreach mar seo a bha an saoghal, agus bha eòlas pearsanta aige air an àmhghar a dh'èirich às, air an tug e cunntas ann an *In the Middle of the Wood* (1987). Anns an dàn 'An t-Òban', bruidhnidh e air an neonitheachd air chùl gach rud anns an cuir mac-an-duine luach. Ged a tha an sioras sa bhaile air a thrèigsinn, chan eil sinn an dùil ris an aon neonitheachd air chùl rudan eile a nochdas san dàn, cho cudromach trom ri sgrìobhadh, fein-aithne, creideamh is poileataigs, ach cha lorg Mac a' Ghobhainn càil air an cùlaibh ach pian:

Tha na seataichean a' fas falamh
aig beul na tràghad, beul nan taighean,
beul an taigh-òsta – uisg a' tuiteam
tro mheadhan sàl trom na mara.

...

Tha an eaglais air a fosgladh.
Shuidh mi sìos innte nam inntinn
's chunna mi air an uinneig,
an àite Nazareth 's an Crìosdaidh,
talamh caithe is min-shàibh,
leòmhann a' falbh air buaile
spreadhte Phalestine gun tàmh.

(MacAmhlaigh 1976, 177)

Bhruidhneadh Mac a' Ghobhainn iomadh turas air an spèis a bha aige do Khierkegaard. Sgrìobh e dàn mu dheidhinn sa Bheurla ann

an *Thistles and Roses* (1961) agus artaigeal sa Ghàidhlig do *Ghairm*, ‘Kierkegaard’ (Smith 1962). Bidh mi a’ feuchainn san artaigeal seo ris na bha sa chumantas eadar an dà sgrìobhadair a thoirt ri chèile agus ri sealltainn mar a bha rùn moralta aig an dithis aca a bhith a’ dion luach an rud fa leth bho aintighearnas nan riaghailtean coitcheann.

Dh’èirich feallsanachd Khierkegaard mar fhreagairt do Hegel a chùm a-mach gun robh an cinne-daonna a’ dèanamh adhartas tro eachdraidh a dh’ionnsaigh an Spioraid Iomlain, nuair a nochdadhan reusan diadhaidh ann an inntinn dhaoine agus a bhiodh daoine agus an Spiorad co-ionann. Do Khierkegaard, chuir a’ chaismeachd seo a dh’ionnsaigh adhartais às dhan fhiosrachadh aig an duine fa leth nach robh ann ach ceum air an t-slighe, mar gum b’ eadh; a bharrachd air sin, bha a leithid a sgeama a’ dèanamh dheth gun robh luachan cumanta ann dhan a h-uile co-chomann air feadh an t-saoghal agus tìme. A chaochladh, chùm Kierkegaard a-mach gun robh an fhìrinn suibseigeach pearsanta, gun a bhith an eisimeil an t-saoghal fhiosaigich, a’ cho-chomainn no na càinain. Bha e aig gach duine fa leth ris an fhìrinn seo a lorg dha fhèin anns am faigheadh e a chruth spioradail sìorraidh. Dh’èireadh mì-thoileachas agus doibheart sa cho-chomann seach nach robh ùine agus àite aig daoine seo a dhèanamh. Dh’aithnich e trì ceumannan trom biodh an duine ga lorg fhèin: an toiseach, ire na tlachd far an lorgadh an neach na bha a’ toirt toileachas dha, is e mar sgàthan air beachdan chàich; an uair sin, an ire mhoralta nuair a rachadh e an sàs ann an riaghailtean beusach a’ cho-chomainn; agus mu dheireadh, an ire chreidmheach, nuair a thrèigeadh an neach an reusan, air dha tuigsinn nach eil moraltaghd shòisealta gun smal, agus e a’ leum a dhìomhaireachd Dhè. Chaidh a’ chiad dà cheum a rannsachadh ann an *Enten/Eller* (1843) agus an treas fear ann an *Stadier på Livets Vej* (1845).

Ged nach do ràinig Mac a’ Ghobhainn an aon fhuasgladh Crìosdail, tha iomadh coimeas ri dhèanamh eadar na ceistean a chuir an dà ùghdar orra fhèin, mar a lean iad an cuid smuaintean gun sgàth agus anns an togail a fhuair iad nan òige. Tha na sgrìobh iad a’ sgrùedadhar mar a thèid dèiligeadh ri beachd-smuaintean ann am beatha dhaoine seach ann an leabhraichean teòraidh feallsanachd. B’ e Kierkegaard a’ chiad fheallsanach ri ar linn a chleachd rosg cruthachail na aistidhean; chleachdadh e diofar ainmean ùghdair air fhèin gus diofar bheachdan

a thomhas, mar eisimpleir, Am Britheamh Uillean ann an *Enten/Eller*, aig a bheil beachdan coltach ri Hegel, agus Johannes *de silentio* ann am *Frygt og Bæven* (1843) a dh'aidicheas nach gabh creideamh innse no fhìreanachadh. Chleachdad e sgeulachdan beaga agus cosamhlachdan na sgríobhaidhean feallsanachail, mar Abraham agus Isaac agus am balach a thuit ann an gaol le bana-phrionnsa ann am *Frygt og Bæven*. Tha bun-stèidh feallsanachail cuideachd aig na h-uile a sgríobh Mac a' Ghobhainn, eadar bàrdachd, rosg agus dealbhan-cluiche. Gabhaidh coimeas dèanamh, 's dòcha, eadar na diofar ainmean ùghdair a chleachdad Kierkegaard agus na caractaran a chruthaich Mac a' Ghobhainn. Leigidh iad leis an leughadair meòrachadh air gnìomhan gun mhìneachadh follaiseach an ùghdair. Thuirt Mac a' Ghobhainn:

I am concerned in my poetry with intelligence to a great extent
... I would prefer to be an analytical poet, a questioning poet,
rather than a poet of the heart considered simply.

(Macintyre 1988, 157)

Sgrìobh Alasdair MacRath mu dheidhinn na stoidhle aige:

His poetry moves abruptly. Usually there is no build-up or demarcation of a special poetic territory. Rather there is vertical take-off and a series of fast swoops and raids, moving on before the critic can focus and take aim. His public readings were similarly paced as if he was determined not to make a fuss, or strike any poetic poses.

(MacRae 1999, 55)

Bhruidhinn Mac a' Ghobhainn mun àidh a bha aige ann an Kierkegaard ann an agallamh le Colin Nicholson (1992, 110), anns an do rinn e coimeas eadar na ceanglaichean a dhèanadh e fhèin ann am bàrdachd eadar rudan eu-coltach ri chèile gus toirt air an leughadair smaoineachadh ann an dòighean ùra, an leum a rinn Kierkegaard bho reusan gu creideamh, agus an leum san dorchadas a nì luchdsaidheans mar Einstein, stèidhichte air a' mhac-meanmna seach air pròsas buileach loidsigeach, mar a shònraich Popper (Mautner 2000, 434).

Mhinich Mac a' Ghobhainn gun robh e fhèin ag iarraidh a bhith beò

gun *dogma*, aig a bheil a fhreumhan, da rèir-san, daonnaan stèidhichte san eagal (Cambridge 1998, 50–51). Shaoil e nach fhòghnadh *dogma* sam bith dhan bheatha, beachd coltach ri beachd Kierkegaard gun robh gach feallsanachd staoin mar mhìneachadh air a' bheatha agus air a' cho-chomann a chionn 's gun leig i seachad an neach fa leth (Stern 1998, 60). Chunnaic Mac a' Ghobhainn *dogma* mar dòn an aghaidh faobhar na beatha, agus chuir e a' choire airson a thinneis inntinn fhèin air cho doirbh 's a tha e a bhith beò às aonais *dogma*. Bha e airson bàrdachd nach robh 'dogmatic, but provisional, and almost temporary' (Cambridge 1998, 50), ach dh'aidich e gu bheil cunnartan an lùib a bhith seòladh a-mach nad aonar dhan chuan fhosgailte. Għluais e bho mheadarachd riaghailtich gu rannaigheachd shaoir gus lorg fhaighinn air 'the moment which will not be governed by an ideology or any forethought at all' (Cambridge 1998, 51). Nuair a dh'fhaighnich Gerry Cambridge dheth an robh an tinneas air diofar a dhèanamh air, fhreagair e, 'Well, I joined the human race' (Cambridge 1998, 50). Mar a dh'fhiorsaich Kierkegaard, faodaidh beatha às aonais *dogma* a bhith a' cosg do chuid cèille, agus gu tric thig cuthach agus eu-dòchas eadar na diofar 'irean den bheatha' – na h-ìrean tlachdmhor, moralta agus creidmheach.

Chaidh an dìthis aca, Kierkegaard agus Mac a' Ghobhainn, a thogail san eaglais Phròstanaich gus an saoghal fhaicinn ann an staid a bha air tuiteam agus mac-an-duine glacte ann an lòn peacaidh. Chreideadh Kierkegaard, na phàiste crotach breòite, gun robh e air a mhallachadh tro thoibheum athar gus bàs fhaighinn aig aois òig, ach aig aois fishead 's a h-aon, às dèidh dha mhàthair agus còignear a-mach à seachdnar den teaghlaich bàsachadh, shaoil e gun deach a chaomhnadh le Dia gus sgrìobhadh a dhèanamh. Leig e seachad a ghealladh pòsaidh, is e den bheachd gum biodh pòsadhl a' cur bacadh air a chuid sgrìobhaidh. Mar thoradh air seo chuir an co-chomann cùl ris agus rinn iad fanaid air leis mar a bhiodh e a' càineadh nam bùirdeasach san sgrìobhadh aige. Ach chunnaic Mac a' Ghobhainn mar ghaisgeach tubaisteach e, duine a dh'ìobair gach rud a bha aige – a chliù, beatha phòsta agus a chuid airgid – gus an teachdaireachd aige a chur an cèill, agus rinn e coimeas eadar Kierkegaard agus Socrates a rinn ìobairt dheth fhèin cuideachd air sgàth na chreid e (Mac a' Ghobhainn 1962, 105).

Eu-coltach ri Kierkegaard, bha Mac a' Ghobhainn air a mheas gu mòr aig a h-uile duine a b' aithne dha air sgàth a chuid irioslachd agus eirmseachd; ach bha an sgrìobhadh aige cuideachd na ionnsaigh air taobh àicheil eagalach na diadhachd cléirich. Na aiste, 'Real People in a Real Place' (Smith 1986, 60), thuirt e gur e creud Chalvin 'a religion which converts life itself into rigidity', cuspair gun tilleadh e uair 's a-rithist. Rinn Kierkegaard cuideachd càineadh air eaglais na stàite, 'that altogether un-Christian institution' (Hannay 1995, 155) anns *Sygdommen til Døden* (1849) agus anns an iris aige fhèin, *Øjeblikket* (Stern 1998, 51). Cha b' e a-mhàin gun do chùm an eaglais a-mach gun robh Crìosdaidheachd furasta a leantail, ach gun robh a moraltachd stèidhichte air laghannan siobhalta loidsigeach air nòs Hegel nach tug for dhan neach fa leth. Bha Kierkegaard air an cuspair a sgrùdadadh cheana. 'S e creideamh 'baoth' ann am paradogs Chrìosd – na nàdar mar-aon diadhaidh agus daonna, agus na aiseirigh – a rinn an diofar eadar creideamh nam pàganach, a bha cuideachd moralta, agus creideamh nan Crìosdaidhean. Cha robh e furasta a bhith a' gabhail ri a leithid. Cha b' urrainn do dhuine gabhail ris tro reusan. Dh'fheumadh duine a bhith a' taghadh a bhith ga chreidsinn. Bha an neach fa leth na b' àirde a réir Khierkegaard na an t-uile-choitcheannas air sgàth na dàimhe eadar e fhèin is an t-uile-choitcheannas:

It is the single individual who, having been subordinate to the universal as the particular, now by means of the universal becomes that individual who, as the particular, stands in an absolute relation to the absolute. This position cannot be mediated, for all mediation occurs precisely by virtue of the universal; it is and remains in all eternity a paradox, inaccessible to thought. And yet faith *is* this paradox.

(Kierkegaard 1985, 63–64).

Nan tuigte gun robh an dàimh seo fa leth, chan ann gu coma coingeis a rachadh muinnir Chopenhagen nan Crìosdaidhean.

Chan ann a-mhàin san eaglais ach ann am poileataigs agus anns a' cho-chomann san fharsaingeachd a dh'aithnich Kierkegaard nach robh àite ann dhan neach a dhol na spiorad fhèin. Dh'aithnich Mac a' Ghobhainn coimeas eadar co-chomann Lutheranach Chopenhagen anns an do thogadh Kierkegaard

agus a' choimhearsnachd ann an Leòdhas anns an deach e fhèin a thogail:

Forced theologian of the minimum place,
 the Copenhagen of the hunchback soul
 eclipsed yet strengthened all his natural rays.
 Imagine him daily taking his cramped stroll
 by sniggering windows to a North Pole
 where his wit spawned its rainbow oil.

('Kierkegaard', Smith 1995, 28; 1d fhoills., Smith 1961)

Tha Mac a' Ghobhainn na bhithileiche a chionn 's gun nocht an fheallsanachd tro bheatha dhaoine fa leth seach tro sgeamaichean uile-ruigsinneach feallsanachdail. Tha na sgeulachdan aige nan suidheachaidhean amha far am bi duine a' strì, agus uaireannan a' failligeadh, gus firinn phearsanta a lorg, gus taghaidhean a dhèanamh a nì ciall dha fhèin. Tha Lorn Macintyre air sealtainn gu bheil an dàm 'Spring Wedding' a' coimhead air banais tro na dearbh thrì ìrean a chleachdadh Kierkegaard, is e a' toirt iomradh air 'the aesthetic aisles', 'ethics of minister' agus 'existence threatens as in veils you go ...'. Tha bòidhchead na bainnse agus moraltachd an deas-ghnàtha a' sàsachadh ar n-iarrasan airson tlachd agus beusachd, fhad 's a tha an suidheachadh fhèin a' fagail teagamh fa chomhair nan ceistean bitheil:

Neat black, proud white, the angel must be held
 by a black anchor on shadowy field.

(Nicholson 1992, 157)

Anns an sgeulachd 'An Dubh is an Gorm' (Mac a' Ghobhainn 1963, 83–106), chithear na trì ìrean a-rithist ann an sreach de litrichean a sgrìobhas oileanach òg dhachaigh. An toiseach tha e ceannsachte le beachdan a mhàthar, eagal ro ifrinn agus beachdan chàich, ach mean air mhean ruigidh e neo-eisimeileachd, is e a' dol na dhuine fhèin, anns am faod e tighinn beò, chan ann tro eagal ach tro ghràdh.

Tha Kierkegaard agus Mac a' Ghobhainn a' brosnachadh firinn shuibseigeach an neach, gun eadar-mheadhanachadh a' cho-chomainn.

When subjectivity, inwardness, is the truth, the truth becomes

objectively a paradox; and the fact that truth is objectively a paradox shows in turn that subjectivity is the truth.

(Kierkegaard 1846, air aithris ann an Stern 1998, 56)

Bha Hegel air feuchainn ri creideamh agus moraltachd a thoirt fo sgèith an reusain. Mar eisimpleir mhìnichheadh e corp-ghabhail Dhè mar riochdachadh air comas reusain Dhè san duine. Ach bidh Kierkegaard a' dearbhadh na *Afsluttende uvidenskabelig Efterskrift* gu bheil tòrr nach eil idir reusanta ann an Criodaidheachd, agus gu bheil paradogsan a' chreideimh fior agus riatanach. Chan urrainn dhuinn firinn choitcheann a dhearbhadh a chionn 's nach urrainnear gun a bhith a' coimhead bho àite air choreigin. Bidh Kierkegaard a' cumail a-mach gu bheil an dà chuid, cuspair a' chreideimh – Criod – agus gniomh a' chreideimh, nam paradogsan, oir ciamar as urrainn dhan t-siorraidheachd a bhith air a coileanadh san diombuan, agus ciamar as urrainn do rud sam bith a bhith air a dhearbhadh mar fhìrinn choitchinn? A rèir Khierkegaard, bha reusanachas Hegel ceàrr, a chionn 's nach urrainn do shealladh an neach fa leth a bhith ga thoirt air falbh bhon choitcheannas. Chan urrainn dhan fhìrinn a bhith ach pearsanta suibseigeach:

It is not so much a question of choosing the right, as of the energy, the earnestness, the pathos with which one chooses. Thereby the personality announces its inner infinity, and thereby in turn, the personality is consolidated.

(Kierkegaard 1843, air aithris ann an Stern 1998, 56)

Dh'fhiosraich an dà ùghdar àmhghar is eu-dòchas, mar thoradh air an diofar eadar ar beatha chrìochnaichte agus ar mothachadh neo-chrìochnach, a chuireas Mac a' Ghobhainn an cèill san dàn, 'An Litir':

Carson nach d' rinn thu dhinn ainglean no ainmhidhean
le sgiathan fuara, le cinn chorragh?
Carson a thog thu an fhairge mu ar coinneamh
le aodann farsaing faoin?

(MacAmhlaidh 1976, 189)

Chunnaic Mac a' Ghobhainn Kierkegaard mar ghaisgeach bitheileis a leanadh a smaointean ge b' e an taobh dhan tug iad e. Thug e seachad tuairisgeul air mar 'Duine mòr-cheudfathach crotach

ann am baile beag nach robh ga thuigsinn', ann an *Gairm*, aig an robh:

that crucial
omnivorous intelligence so cruel
it mocked the pain that made the bare brain howl ...

(Smith 1961, 35)

Uaireannan lionaidd an dà ùghdar a' bheàrn eadar ar beatha chrìochnaichte agus ar mothachadh neo-chrìochnach le eirmseachd is ioranas, uaireannan le bhith a' gèilleadh dhan neònachas agus dhan pharadogs. Còrdaidh rudan riutha nach tèid gu math còmhla gus toirt air an leughadair rudan fhaicinn mar a tha iad seach tro sgeama feallsanachd air choreigin a chaidh a sparradh orra. Chaidh aonaidean nèonach eadar rudan nach tèid còmhla nan tuar de stoidhle Mhic a' Ghobhainn. Anns an dàn, 'Aig a' Chladh', cuiridh an t-eas-aonta eadar iomhaighean borba Crìosdaidheachd agus iomhaighean socair nàdair teagamh ann an dealbh a' bhàis mar tubaist oillteil mhoralta seach na phàirt de cheartcall na beatha:

Chunna mi aig a' chladh an-dè iad,
le adan dubh orr' s grian ag èirigh,
deàrrsadhbh dhìtheanan mun casan,
is fear a' caitheamh searbh-lèine.

(Mac a' Ghobhainn 1965, 16)

Tairgidh an dà ùghdar fuasgladh do àmhghar bitheil an duine. Tairgidh Kierkegaard leum creideimh do ghràdh Dhè; tairgidh Mac a' Ghobhainn daonnaireachd, agus dearbhaidh e luach fhaireachdainnean daonna agus luach bòidhchead an t-saoghail. 'S e nas urrainn do dhaoine thairgsinn do chàch a chèile de chonaltradh onarach a nì a' bheatha seo gun chiall gun tràcair so-fhulang:

's daoine a' bruidhinn 's a' bruidhinn ri chèile
's bogha-froise maitheanais nan deuran.

('A' Dol Dhachaigh', Mac a' Ghobhainn 1965, 14)

(A dh'aindeoin sin, bha e den bheachd gum faodadh sgrìobhadh fhèin a dhol na sheòrsa de theicheadh bhon t-saoghal, mar a chithearan nobhail ghoirid, *Na Speuclarean Dubha*.) Ann an co-dhùnadh an artaigeil a sgrìobh e air Kierkegaard, tha e a' gabhail ris an dùbhlann

a bhith a' dèanamh neach dheth fhèin, mar a rinn Kierkegaard, tron sgrìobhadh aige. Mura dèan e fhèin taghaidhean ceangailte ri bheatha fhèin, cha bhi na sgrìobh e ach nam beachdan ath-dhiolte, beachdan *aesthetic*, a fhuair e bho dhaoine eile:

Agus airson an sgrìobhadair seo [Mac a' Ghobhainn], nach eil an sgrìobhadh seo fhèin mu dheidhinn Khierkegaard *aesthetic* is baoth mura dèan esan neach dheth fhèin cuideachd?

(Smith 1962, 108)

Tha an t-uallach seo trom agus tha e fada nas phasa falbh leis an t-sruth. Faodaidh fein-lobairt a bhith riatanach (agus Socrates na eisimpleir dheth seo), ach thig aoibhneas gun a shamhail an cois na beatha ùghdarail dhan duine aig a bheil de mhisneachd a leantail. Tha Mac a' Ghobhainn den bheachd gur e uallach moralta a tha ann cuideachd, gus nach bi sinn a' dol nar gràisg a bheireadh taic dha leithid Hitler.

ABRAHAM AGUS ISAAC

Bha ùidh aig Mac a' Ghobhainn anns an eisimpleir de thaghadh a rinn Kierkegaard de dh'Abraham is Isaac. Às dèidh dha Abraham a chur roimhe a bhith umhail do Dhia, tha Abraham leigte ri bhith murt a mhic agus a bhith fulang na leanas air sin. Chan eil ùidh aig Mac a' Ghobhainn sa chreideamh fhèin a dhèanadh an diofar eadar murt agus gniomh a bheireadh tlachd do Dhia, ach tha ùidh aige san dòigh a tha fulangas, dàil ann an reusan agus aoibhneas a' dol nam pàirtean de thaghadh.

Tha an sgeul mu Abraham is Isaac air innse sa Bhìoball bho thaobh a-muigh nan caractaran, tro na rinneadh agus na thuirteadh (Genesis 22:1-15). Cluinnear òrdugh Dhè lobairt loisgte a dhèanamh de dh'Isaac, agus bheirear cunntas air turas trì latha air asail le connadh a Bheinn Morial. Togaidh Abraham altair, ceanglaidh e Isaac ris an fhiodh agus togaidh e an sgian. Brisidh an t-aingeal a-staigh, agus chì agus marbhaidh Abraham an reithe a tha glacte sa phreas air a chùlaibh. Beannaichidh Dia Abraham air sgàth a chuid ùmhachd leis a' ghealladh gum bi a shliochd cho lionmhor ri 'rionnagan nan speur'.

Eu-coltach ris a' Bhìoball, tha dreach Mhic a' Ghobhainn den sgeul, 'Abraham is Isaac' (*An Dubh is an Gorm* 1963), ag amas air

smuaintean Abraham bhon taobh a-staigh gun iomradh air Dia. Coimheadaidh Mac a' Ghobhainn air àmhgħar, teagamh, sgìths, leisgeulan agus, os cionn na h-uile, aonaranachd cuideigin a tha deònach dol an aghaidh a' cho-chomainn agus a rùintean fhèin gus na thagh e a choileanadh. 'S dòcha gu bheil e a' dol às a chiall; bu mhiann leis comħarra taiceil bho Dhia, ach cha tig càil. B' fheàrr leis a bhith marbh. Tha e air an sgian a thogail gus Isaac a mħarbhadh nuair a chluinneas e ràn an reithe den dèan e īċċab, agus e a' caoidh agus a' għareachdajn aig an aon àm leis an fhaochadħ agus an toileachas a mhac fhaighinn air ais. 'S e a dhuais mac beò a bhith air aiseag dha seach beannachadh Dhè. San dreach seo, chan eil an t-os-nàdarra a' nochdadħ idir gus dearbhadh nach eil Abraham air dhol às a chiall. Chan eil an t-os-nàdarra cudromach do Mhac a' Ghobhainn ach staid inntinn duine a nì an tagħadħ a bhith a' leantail a chogais ge brith a' chosgais.

'S e an taobh daonna aig Abraham a tha fa-near do Khierkegaard cuideachd ann am *Frygt og Bæven*, aonaranachd duine a tha a' leantainn nan solas aige fhèin, oir 'after all, who could have understood him?' (Kierkegaard 1985, 22) Tha Kierkegaard a' cur dhiofar ghleusan air adhart: an do leig Abraham air gur e idhol-adhradair a bh' ann fhèin gus nach biodh Isaac a' call a chreideimh, no an e gun do chaill Isaac a chreideamh co-dhiù le bhith a' faicinn teagamh athar? 'S e dol-a-mach Abraham an eisimpleir as fheàrr a rèir Khierkegaard den 'high dignity afforded to every human being to be his own censor, a dignity far greater than to be Censor General for the whole Roman Republic' (Kierkegaard 1985, 55).

Leanaidh Kierkegaard air gus bruidhinn mu pharadogsan a' chreideimh. Na chreideamh a bheireadh Dia a mhac air ais dha, b' e a chumhachd a laigse, agus b' e a ghliocas amaideas (Kierkegaard 1985, 16). Tha Abraham a' riochdachadh creideamh aig an ire as treasa, creideamh a thig gu bith tro chàirdeas pearsanta eadar Dia agus an duine. Tōisichidh creideamh far an tig reusan gu crìch. Le bhith ga chur fhèin an cèill tron fhìrinn choitchinn tro a dhàimh le Dia, tha Abraham a' dol nas mothà na an fhìrinn choitcheann. Seo rud nach tachradh le creideamh pàganach far nach eil dàimh phearsanta eadar dia agus an duine. Cha għabb creideamh a chur an cèill ann am faclan, ach 's urrainn dhan duine aig a bheil creideamh

a chur an cèill tro ghnìomh. Leigidh ridire a' ghèillidh shìorraidh ('the knight of infinite resignation') seachad an saoghal neo-fhoirfe seo, oir thèid aimhleasan an t-saoghal seo a dhèanamh slànn ann an saoghal an spioraid (Kierkegaard 1985, 27); ach 's urrainn do ridire a' chreideimh rudan do-chreidsinn a dhèanamh san t-saoghal seo, far an tillear Isaac do Abraham, a chionn 's gu bheil gach rud air comas Dhè.

AM MISEANARAIDH

Chan eil *Am Miseanaraidh*, air fhoillseachadh an 2005 às dèidh bàs Mhic a' Ghobhainn, na obair rannsachaidh air daoine tùsail. 'S e sgeids a tha ann a leigeas le Mac a' Ghobhainn ar barailean a chur gu deuchainn. 'S e ioranais, air nòs Khierkegaard, a bheir an sgeulachd gu buil agus a thairgeas gràs air choreigin aig an deireadh. 'S e sean chuspair aig Mac a' Ghobhainn a tha ann: an cunnart a tha an sàs ann an uachdarachd, ann a bhith gad mheas fhèin air thoiseach air càch. Rinn e sgrùdadh air a' chuspair cheana, anns 'A Bhan-Shoisgeulaiche' (Mac a' Ghobhainn, 1963), ann am bàrdachd agus ann an sgeulachd sa Bheurla anns *The Hermit and Other Stories*. 'S e prìomh charactar *Am Miseanaraidh* ministear gagach às a' Ghàidhealtachd a tha feumach air inbhe agus rùn na bheatha. Air a bhacadh le easbhaidhean labhairt, tha e an dùil gum faigh e *raison d'être* am measg nan Afraganach. Fairichidh e uile-chomasach agus gun dòchas mu seach mar a ghabhas e gnothaichean os làimh ann an Afraga agus mar a chì e na toraidhean a thig asta. Adhbhraigheachd uachdrachd mhoralta a' mhiseanaraidh bàs san treubh: murt boireannaich agus a h-igheanan leis an duine bhorb aice dhan tug am miseanaraidh oirre tilleadh; bàs bodaich a thèid a chur a-mach às an teaghlaich air adhbhar cion bìdh às dèidh dhan mhiseanaraidh an t-sealg a mhilleadh; agus casgairt cogaidh nuair a thèid an treubh gu blàr air an aon adhbhar. 'S e Crìosdaidheachd a thug an t-ùghdarras dha bùrach a dhèanamh de bheatha chàich.

Aig an aon àm, tha am miseanaraidh ga shaoradh fhèin ann an co-theags an treubha, bhon air-leteachas Eòrpach a bu dual dha. 'S aithne dha a-nis drùis agus feum air càch, miann muirt agus truas; gabhaidh e pàirt ann an 'comannachadh borb' an dannsa-chogaidh agus, os cionn na h-uile, dh'fhiorsaich e mathanas. Thig an nobhail gu co-dhùnadh ioranach nuair a thig duine a dh'ionnsaigh a'

mhiseanaraidh, is am miseanaraidh an dùil gur ann gus a mharbhadh, ach 's ann a tha e ag iarraidh dhol na Chrìosdaidh. Air sgàth bàs boireannaich a dh'adhbhraich am miseanaraidh, tha an duine a-nis saor bho pheacadh leannanachd. Faodaidh e dhol na Chrìosdaidh. Tha Crìosaidheachd ga faicinn na 'fireanachadh air laigse' mar a thuigte le Nietzsche, is siobholtachd na Ròinn Eòrpa ga cleachdadhus gus smachd a chumail air mac-an-duine le bhith a' moladh irioslachd agus macantachd seach cumhachd, ann an *Also sprach Zarathustra* (1883–85) agus *Jenseits von Gut und Böse* (1886). Nì am miseanaraidh glag mòr gàire seirbh oir chì e a bheatha san eaglais mar fheart uilc, a thug ùghdarras gun stàth dha cron a dhèanamh agus a tha a' leigeil le càch a-nis gabhail ris an olc.

Cha bhris an tuigse seo e ach leigidh e leis inbhe eile de thruas a ruigisinn dha fhèin agus dhan treubh, oir tha a bheatha am measg an treubha air sealltainn dha gu bheil gach rud nàdarra agus gun tèid gach rud nàdarra a mhathadh. Tha purgaid na ghàire, is e a' toirt mathanas dha fhèin agus dhan chinne-dhaonna air fad airson ar cuid górrachais. Tha seo dìreach mar a thuig Kierkegaard ioranas a' tighinn eadar ar bith agus brìgh Dhè:

Irony and humour reflect upon themselves and so belong in the sphere of infinite resignation, they owe their resilience to the individual's incommensurability with reality.

(Kierkegaard 1985, 59)

Tha gàire, irioslachd agus mathanas nas iomchaidhe fa chomhair na h-imcheist na a bhith a' gabhail ùghdarras airson an Lagh a chur an gnìomh. 'S e leigeil às den Lagh soilleireachadh a' mhiseanaraidh, agus falbhaidh a chuid gagachd sa bhad (Mac a' Ghobhainn 2005, 67).

Tha feallsanachd Mhic a' Ghobhainn ga dèanamh feòlmhor leis mar a chleachdas e cànan shamhlachail. Tuigidh sinn teachdaireachd nan sgeulachdan aige aig ire fhaireachdainnean. Tha an samhlachas an dà chuid a' daingneachadh agus ag àicheadh na beatha. Tha coilear a' mhiseanaraidh, duilleagan geala a' Bhiobaill agus aodach dubh a' riochdachadh ùghdarras, cinnt agus peanasachadh an t-Seann Tiomnaidh; nì iad seo iomsgaradh le guirme agus torrachas nan coilltean, na tùsanaich rùisgte, gluasad, fuaim agus dathan nan eas

is nan eun, ceòl, dannsa agus a h-uile rud a tha nàdarra, is e a' toirt a-steach fhaireachdainean an dà chuid slànachail agus millteach.

Bha bun-smuain aig Kierkegaard air saoghal spioradail taobh a-muigh time far an rachadh easbhaidhean an t-saoghail seo a cheartachadh dha ridire a' ghéillidh shiorraidh (Kierkegaard 1985, 27 air adhart). Tha tìm na cuspair cudromaich do Mhac a' Ghobhainn cuideachd, gu h-àraidh san nobhail seo. Bruidhnidh e air gnìomhan a thachras san t-saoghal seo gu siorraidh. Brùchdaidh an t-siorraidheachd a-steach air tìm shreathaich. Thèid an leughadair na neach-fianais air rudeigin nas mothà na eachdraidh: aithnichidh e cor nan daoine:

Shaoil am miseanaraidh gu robh an nì a bha tachairt air a bhith tachairt airson bhliadhnachan mòra, gu robh e ann am meadhan siorraidheachd 's gu robh tìm fhèin air stad.

(Mac a' Ghobhainn 2005, 25)

Tha a h-uile sòn air tachairt iomadh turas cheana, thilleadh boireannach dhan duine bhorb aice iomadh turas; tha na beathaichean nan riochdairean de mhilleanan de bhliadhnachan de na h-aon bheathaichean. Chithear na feidh is na siobrathan ag òl sa mhoch-mhadainn nan riochdairean àlainn so-leònte falbhach den t-siorraidheachd:

Cho bochd, cho truagh, cho bòidheadh 's a bha iad a' coimhead, gun chobbhair ann an gathan na grèine anns an àite iomagaineach seo - dìreach mar gum biodh iad air leum a-steach do dh'eachdraidh airson mionaid, iomlan, coileanta, nan dreasaichean àraidh fhèin.

(Mac a' Ghobhainn 2005, 45–46)

Chan e firinn bhitheil a tha ann an aonanas an neach fa leth; chan eil ann ach fasan feumail Eòrpach:

Carson a bha mi cho fada nam aonar, a' cothachadh ri tìm?
Ach a-nise tha tìm fhèin air m' fhàgail (oir 's e tinneas a bh' ann), tha mi mu dhereadh thall ann an Afraga. Tha mi ann am miann a ciùil.

(Mac a' Ghobhainn 2005, 55)

Tha am bàs a' dol na phàirt den bheatha sna tiodhlacaidhean sna craobhan far an tèid an fheòil ithe leis na h-eòin agus far an dèan na cnàmhan ceòl sa ghaoith (Mac a' Ghobhainn 2005, 33). Eu-coltach ri Kierkegaard, chan fhaic Mac a' Ghobhainn saoghal eile ach tìm chearcallach; chan atharraich *dogma* sam bith na tha nàdarra agus a thachras uair's a-rithist gu sìoraidh bràth. Bidh ceannard an treubha, a tha air na h-uile fhaicinn cheana 'le sùil a bha aost is glic' (Mac a' Ghobhainn 2005, 34), a' gàireachdainn.

Tha am miseanaraidh mothachail tràth san nobhail air a chuid feinmheallaiddh, gu h-àraidh às dèidh dha leabhar-latha a' mhiseanaraidh a bha ann roimhe a leughadh. Tuigidh e gun do spàrr e moraltaichd Chriosdail air an treubh mar gum b' e firinn choitcheann a bha ann agus gun do dh'fhàillig e cuideachd a bhith gleidheadh nan càirdean a rinn e. 'Bha e a' falbh tro fhàsach a bha e fhèin air a chruthachadh' (Mac a' Ghobhainn 2005, 61). Mar a dh'fhiosraich Kierkegaard eu-dòchas tro bheatha, 's ann a dh'fhiosraich am miseanaraidh eu-dòchas cuideachd mar thoradh air na gnìomhan a rinn agus nach do rinn e. 'S e an t-eudòchas seo agus an t-uallach a ghabh e air a shon fhèin a leigeas leis aig an deireadh gabhail ris, agus mathanas a thoirt do gach rud a tha nàdarra, san t-saoghal agus na nàdar fhèin:

'Thugainn', ars esan a-rithist. 'Tha gach nì nàdarrach. Tha gach nì air a mhathadh.'

(Mac a' Ghobhainn 2005, 68)

DÀIL ANN AM BEUSACHD AGUS REUSAN

Shònraich Kierkegaard mar a bhios leum creidimh a' cur stad air gach rud eile, agus sgeulachd Abraham is Isaac na *locus classicus* airson seo. Dè chanadh a bhean, Sarah? Dè dhèanadh a' choimhhearsnachd air? Nach cuirte murt no cuthach às a leth? Chuir e na ceistean seo chun an dàrna taoibh gus na chuir e roimhe a dhèanamh. Sgrùdar an aon seòrsa suidheachaidh anns na dealbhan-cluiche aig Anouilh, a leithid *Jeanne d'Arc* agus *Antigone*, anns a bheil de chinnt aig duine stad a chur air a mhoraltaichd agus a reusan fhèin.

Chithear dàil ga cur ann am beusachd agus reusan sna sgeulachdan aig Mac a' Ghobhainn. Ann 'An Taghadh' (1963) tha e aig boireannach, ri linn bliadhna Theàrlaich, ri aon mhac a-mach à triùir a thaghadh mar chulaidh-ìobairt a shabhaileas càch. Cuiridh an sgeulachd an

cèill a bheachd: 'History is not a natural force like electricity. History is composed of decisions' (Smith 1986, 58). Chan e suidheachadh a ghabhas làimhseachadh gu beusach ach cha dèan i crannchur dheth nas motha; cuiridh i i fhèin an sàs san roghainn aice: taghaidh i a mac aig nach robh de mhisneachd sabaid, agus le sin thug i a' ghaisgeachd a mhiannaich e dha. Tha fear-labhairt 'An Dealachadh' (1991) a-mach air an uallach a tha oirnn airson ar toileachais fhìn, agus e a' beachdachadh air a' mhisneachd a tha aig a charaid a bhith a' faighinn sgaradh-pòsaidh agus a' dèanamh imrich gus am pòs e boireannach eile. Tha a thoileachas stèidhichte, chan ann air feabhas a' bhoireannaich, ach air uiread a ghaoil dhan bheatha. Mar sin tha e airidh air toileachas. 'S ann dìreach aig an deireadh a dh'ionnsaicheas sinn gur ann aig an fhear-labhairt a bha am boireannach pòsta ro làimh. Chan eil an sgeulachd seo a-mach air uallach beusach ach air uallach bitheil.

Tha na sgeulachdan sa chruinneachadh *Na Guthan* (1991) a' dol an sàs sa mhì-reusan mar phàirt de dh'fhìrinn shuibseigeich. San sgeulachd 'Mairead' tha lorg-phoileas a tha air a dhreuchd a leigeil dheth a' cur an reusain a cleachd e fad a bheatha an dàrna taobh gus pàirt a ghabhail ann am breisleach a mhnà, is i a' faicinn nighean bheag nach robh aca riamh tighinn dhan taigh aca. Tha an duine air tighinn dhan cho-dhùnad gu bheil an gaol nas cudromaiche an seo na an reusan.

BUAIDH A' CHO-CHOMAINN

Tha dàil ga cur ann am beusachd na nobhail, *An t-Aonaran* (Mac a' Ghobhainn 1976), ann an co-theags sgrùdadhbh na coimhairsnachd. Dh'fhaodadh teachdaireachd mhoralta a bhith air a tarraing às an sgeul anns an cleachdar an t-aonaran mar chulaidh-iobairt aig a' choimhairsnachd, ach chan e seo priomh chuspair Mhic a' Ghobhainn ach aonaranachd buill na coimhairsnachd anns na beathannan a chuireas a' choimhairsnachd a-mach dhaibh. Tha eisimpleir an aonarain gu leòr airson sealltainn dhan cho-chomann cho mì-riaraichte 's a tha iad, agus tha duine às dèidh duine ga leantail le bhith a' briseadh a-mach às a' chèids a dh'òrdaich an co-chomann dhaibh. Cha do chàin Mac a' Ghobhainn an co-chomann a-riamh cho cruaidh 's a chàin Kierkegaard, ach rùsgaidh a chuid obrach gun teagamh cho suarach staoin as urrainn do phoileataigs baile bhig Ghàidhealaich a bhith. Feuchaidh an seann seòladair ri tilleadh gu muir; lorgaidh am maighstir-sgoile stuama a

thaobh feòlmhor. Tha iomsgaradh eadar ìomhaighean nòs Apollo, a bhios a' riochdachadh smachd, na h-inntleachd agus siobhaltachd, agus ìomhaighean nòs Dionysus, a bhios a' riochdachadh fhaireachdainnean, saorsa agus breisleach. Chan fhuiling an co-chomann a leithid de shaorsa am measg a bhall agus thèid an t-aonaran fhògradh às a' bhaile. Tha an droch ghiùlan aca a' dearbhadh cho beag's a shàsaicheas an co-chomann am feum daonna a shònraich Kierkegaard air leasachadh an spioraid.

CO-DHÙNADH

Chunnacas gun robh iomadh tuar de sgrìobhadh agus smuaintean Khierkegaard air am moladh agus air an cleachdadhl le Mac a' Ghobhainn. Dhearrbh an dithis aca uair 's a-rithist san sgrìobhadh aca gun robh fiosrachadh an duine fa leth na b' fhìre na sgeama teagaisg sam bith. Thug an dithis aca am prìomh àite do dh'fhaireachdainn an duine, ged a chuireadh seo às do bheusachd agus reusan aig amannan, agus ged a bhitheadh aig an ìoranas ris a' bheàrn a lionadh eadar gnìomh stèidhichte air faireachdainn agus beachdan chàich. Chaidh an co-chomann a chàineadh aig an dithis aca, gu h-àraidh siostaman cumhachd, airson na bheir iad air falbh bho chothroman dhaoine a bhith gan coileanadh fhìn. Dh'fhairich iad an sgìths agus an fhearg a thig an cois bacadh an spioraid, agus cuideachd an seorsa àrd aoibhneis a thig an cois na beatha ùghdarail.

Ach tha eadar-dhealachaidhean dha-rìribh eatarra, stèidhichte air sealladh diadhaidh Khierkegaard agus sealladh ain-diadhaidh Mhic a' Ghobhainn. Do Khierkegaard, dh'fheumadh an duine a dhol na spiorad a chuir Dia a-mach dha airson na sìorraidheachd. Do Mhic a' Ghobhainn, tha an t-sìorraidheachd ann an-dràsta, agus b' e uallach daonna gum faigheadh gach neach an cothrom agus an spèis a bhith dol na neach.

Fhad 's a bha rùn Khierkegaard ag amas air aonanas an duine, bha ùidh aig Mac a' Ghobhainn ann an *haecceitas* no 'seothachd' gach rud, ar bith fa leth nam measg:

My pleasure
rests on a twig, heaven
is here, is here, precisely
on this branch, this moment.

(Smith 1998, 48)

Tha an sgrìobhadair anns an sgeulachd 'An Guth' (Mac a' Ghobhainn 1991, 1–3) a' feitheamh mar shagart ann an èideadh geal an dùil ri guth a' cheòlraidi. Chan ann gus am bris an uinneag agus an cluinn e fuaim na sràide a thuigeas e gum buin an guth ris an robh e a' feitheamh, chan ann dha saoghal foirfe Platonach, ach dhan t-saoghal seo fhèin.

'S dòcha gun robh pearsa Khierkegaard na bu tarraigiche do Mhac a' Ghobhainn na fheallsanachd – an dànochd agus an dioghras leis an cumadh e a' dol a' feuchainn ris na smuainteann aige a chur an cèill ged nach gabh creideamh a chur an cèill. Bha Mac a' Ghobhainn fhèin làn mhothachail air an duilgheadas seo, oir dh'aithnich e nach e am fiorachas a tha ann an cànanach ach siostam co-shìntre rithe. Dhàsan, bha cànanach mar ròpa a thilgeas sinn do chàch a chèile ann am muir de dh'aonaranachd bhithileil. Sgrìobh Kierkegaard ann am *Frygt og Bæven*:

The true knight of faith is a witness, never a teacher, and in this lies the deep humanity in him ...

(Kierkegaard 1985, 96)

Ged nach robh an aon chreideamh aig an dà ùghdar, chithear páirt den dithis aca san tuairisgeul seo, is iad a' déanamh strì gun sgìths gus gleac ri ceistean do-sheachanta do-fhreagairt ar bith.

TÙSAN

Cambridge, Gerry, 1998, 'Iain Crichton Smith at 70', *The Dark Horse* (Spring 1998), 46–55.

Hannay, Alastair, 1995, 'Kierkegaard' ann an Ted Honderich, *The Philosophers* (Oxford: OUP).

Kierkegaard, Søren, 1985, *Fear and Trembling*, air eadar-theangachadh le Alasdair Hannay (London: Penguin) [*Frygt og Bæven*, 1843].

_____, 1988, *Stages on Life's Way*, air eadar-theangachadh le H.V. agus E. H. Hong (Princeton: Princeton UP) [*Stadier på Livets Vej*, 1845].

_____, 1989, *The Sickness unto Death*, air eadar-theangachadh le Alasdair Hannay (London: Penguin) [*Sygdommen til Døden*, 1849].

_____, 1992a, *Either/Or: A Fragment of Life*, air eadar-theangachadh le Alasdair Hannay (London: Penguin) [*Enten/Eller*, 1843].

_____, 1992b, *Concluding Unscientific Postscript*, air eadar-theangachadh le H.V. agus E. H. Hong (Princeton: Princeton UP)

- [Afsluttende uvidenskabelig Efterskrift, 1846].
- Mac a' Ghobhainn, Iain, 1960, *Bùrn is Aran* (Glaschu: Gairm).
- _____, 1962, 'Kierkegaard', *Gairm* 41 (Am Foghar 1962), 103–108.
- _____, 1963, *An Dubh is an Gorm* (Glaschu: Oilthigh Ghlaschu).
- _____, 1965, *Biobuill is Sanasan-Reice* (Glaschu: Gairm).
- _____, 1970, *Maighisteirean is Ministeirean* (Inbhir Nis: Club Leabhar).
- _____, 1976, *An t-Aonaran* (Glaschu: Oilthigh Ghlaschu).
- _____, 1989, *Na Speuclairean Dubha* (Glaschu: Gairm).
- _____, 1991, *Na Guthan* (Glaschu: Gairm).
- _____, 2005, *Am Miseanaraidh* (Inbhirnis: Clàr).
- MacAmhlagh, Dòmhnaill, 1962–63, 'Deireadh na Sgeòil an Asgaidh', *Gairm* 11, 51–66.
- _____, 1967, *Seobhrach às a' Chlaich* (Glaschu: Gairm).
- _____, deas., 1976, *Nua-Bhàrdachd Gàidhlig* (Edinburgh: Southside).
- Macintyre, Lorn, 1992, 'A Rare Intelligence', ann an Nicholson 1992, 154–64.
- MacRae, Alasdair, 1999, 'Remembering Iain Crichton Smith', *The Dark Horse* (Autumn 1999), 52–58.
- Mautner, Thomas, 2000, deas., *The Penguin Dictionary of Philosophy* (London: Penguin Books).
- Nicholson, Colin, deas., 1992, *Iain Crichton Smith: Critical Essays* (Edinburgh: Edinburgh University Press).
- Smith, Iain Crichton, 1961, *Thistles and Roses* (London: Eyre and Spottiswoode).
- _____, 1972, *Penguin Modern Poets* 21 (London: Penguin).
- _____, 1986, 'Real People in a Real Place', ann an *Towards the Human* (Edinburgh: Macdonald), 13–70.
- _____, 1987, *In the Middle of the Wood* (London: Gollancz).
- _____, 1995, *Collected Poems* (Manchester: Carcanet).
- _____, 1998, *The Leaf and the Marble* (Manchester: Carcanet).
- Stern, Robert, 1998, 'Søren Kierkegaard', ann an Jenny Teichman agus Graham White, deas., *An Introduction to Modern European Philosophy* (London: Macmillan).
- Westphal, Merold, 2003, 'Kierkegaard, *Concluding Unscientific Postscript*', ann an Gracia, Reichberg et al., *The Classics of Western Philosophy* (Oxford: Blackwell), 389–94.